

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 374. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 70 corresponds to Litir 374.

An do mhothaich sibh a-riamh mar a tha am facal *fear* air a dhol rudeigin boireann ann an cuid de sgìrean? Tha mi a’ ciallachadh le sin, gum bi cuid ag ràdh *an fhear*, an àite *am fear* anns an tuiseal ainmneach. Mar eisimpleir – *sin an fhear a bha mi a’ ciallachadh an àite sin am fear a bha mi a’ ciallachadh*. Uill, chan e rud ùr a th’ ann. Bha e a’ tachairt anns na ceathradan dhen naoidheamh linn deug. Tha fhios a’ m air sin, oir tha liosta aig Iain Foirbeis anns an leabhar aige *Gràmar Dùbailt Beurla is Gàidhlig* air a bheil “Seollairtean Gaelig Mi-cheart” no *Improper Gaelic Phrases* agus tha *an fhear ud* – *yon fellow, that man* – nam measg.

Ach tha Foirbeis uabhasach àilgheasach. Tha e ag ràdh nach eil *feagal* ceart is gur e *eagal* a bu chòir a ràdh. Tha e mì-thoilichte le *Dè mar a tha sibh? is bhris e a chas* an àite *bhris e a chas*. Agus tha e ag ràdh gu bheil e ceàrr a bhith ag ràdh *char e a-null* – is gur e *chaidh e a-null* a tha ceart. Ach buinidh na rudan seo do dhualchainntean na Gàidhlig. Agus nach eil beairteas againn nar dualchainntean?

Èistibh ri seo: *Àrdachdainn, cruinneachdainn, cinneachdainn, ceasnachdainn ... and the like are improperly used by vulgar speakers for àrdachadh, cruinneachadh, ceasnachadh etc.* A-rithist, nach e rud dualchainnteach a tha sin? Agus fhad ’s a tha mi a-mach air dualchainntean, tha seo aige: *The erroneous practice of pronouncing adh or eadh like ubh prevails to a great extent in Ross and Sutherlandshire; as bheirubh, chuirubh, chitu ... for bheireadh, chuireadh, chiteadh... Obh obh!*

Air an làimh eile, nach robh Foirbeis ceart ann a bhith a’ cur sìos air abairtean mar *tha e dependigeag ort* oir tha abairtean matha Gàidhlig ann airson sin. Dè chanadh sibh fhèin airson *tha e dependigeag ort*? Cuiridh mi na fuasglaidhean aig Foirbeis anns an dreach sgrìobhte dhen Litir. Chì sibh sin ann am Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich, Observer Shruighlea no air làrach-lìn Ghàidhlig a’ BhBC.

Nise, bu toigh leam tòimhseachan no dhà a chur mur coinneimh. Tha liosta de dh’abairtean Frangach aig Foirbeis, agus a’ Ghàidhlig air an son rin taobh. Tha mi a’ dol a thoirt dhuibh na Gàidhlig is tha mi airson ’s gun can sibh dè an Fhraingis a th’ air gach abairt.

Seo a-nist iad: Ceann ri ceann. Ceann ri ceann – *tête-à-tête*. Stràc crìochnachaidh. Stràc crìochnachaidh – *coup de grâce*; Seòmar uaigneach mnà uaisle. Seòmar uaigneach mnà uaisle – *boudoir*. Gille-seòmair. Gille-seòmair – *valet de chambre*. Fear ionnsaichte. Fear ionnsaichte – *savant*. Dia 's mo chòir. Dia 's mo chòir – *Dieu et mon Droit*. Olc dhàsan a smaoinicheas air olc. Olc dhàsan a smaoinicheas air olc – *honi soit qui mal y pense*.

An robh sibh math orra? Bha. Très bien! Airson crìoch a chur air an Litir, tha ceist agam dhuibh. Dè a' Ghàidhlig a th' air *irony*? Ìoranas, nach e? Ach 's e *sgèigeach* a bh' aig Foirbeis. Tha e a' sgrìobhadh *Is e Sgèigeach figear anns am bheil neach ag ràdh gu sgèigeil, chan i a bheachd ach a ceart-chaochladh*. Agus tha e a' toirt eisimpleir – *Their sinn ri giullan a dhìochuimhnicheas a leasan – “Gu dearbh is cùramach thu!”* Beannachd leibh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Iain Foirbeis: *John Forbes*; àilgheasach: *fussy, hard to please*.

Abairtean na Litreach: air a dhol rudeigin boireann: *has become somewhat feminine*; anns an tuiseal ainmneach: *in the nominative case*; chan e rud ùr a th' ann: *it's not a new thing*; anns na ceathradan dhen naoidheamh linn deug: *in the forties of the 19th Century (ie the 1840s)*; tha fhios a'm air sin: *I know that*; gur e eagal a bu chòir a ràdh: *that it is eagal that should be said*; buinidh na rudan seo do dhualchainntean: *these things belong to dialects*; nach eil beairteas againn nar dualchainntean?: *don't we have riches in our dialects?*; air an làimh eile: *on the other hand*; ann a bhith a' cur sìos air abairtean mar: *in deriding phrases like*; tha abairtean matha Gàidhlig ann: *there are good Gaelic phrases*; dè chanadh sibh fhèin?: *what would you say yourself?*; Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich: *West Highland Free Press (“Skye's Little Paper”)*; Observer Shruighlea: *The Stirling Observer*; làrach-lìn Ghàidhlig a' BhBC: *the BBC's Gaelic website*; bu toigh leam tòimhseachan no dhà a chur mur coinneimh: *I would like to present you with a puzzle or two*; liosta de dh'abairtean Frangach: *list of French phrases*; agus a' Ghàidhlig air an son rin taobh: *with the Gaelic equivalents adjacent*; tha mi airson 's gun can sibh dè an Fhraingis a th' air: *I want you to say what the French is for*; an robh sibh math orra?: *were you good at them?*; is e Sgèigeach figear anns am bheil neach ag ràdh gu sgèigeil, chan i a bheachd ach a ceart-chaochladh: *Irony is a figure in which a person sneeringly utters the very reverse of what he thinks*; their sinn ri giullan a dhìochuimhnicheas a leasan: *we say to a boy who neglects his lesson*; gu dearbh is cùramach thu!: *you are very attentive indeed!*

Puing-chànain na Litreach: *I asked you in the Litir to work out Gaelic alternatives for **tha e dependigeag ort**, an “improper Gaelic phrase” according to John Forbes. The author gives three alternatives, each one subtly different from the next. For he depends on you we might say tha e ag earbsadh riut. For he is trusting in you we might say tha e a' cur earbs' annad. And for he is dependent on you, we might say tha e an crochadh riutsa. How did you get on? Here (with*

modern orthography) is Forbes's comment on words like dependigeag – have a go at translating it (with Dwelly's help) and see if you agree! “Is cùis nàire facal Beurla a ghnàthachadh ann an ciallairt Gàidhlig nuair a tha a' Ghàidhlig fhèin a' toirt facail fhreagarraich; tha an cleachdadh sgòideach seo a' taisbeanadh mòr-aineolais air taobh an fhir-labhairt. Is còir do gach neach cumail gu dlùth agus gu h-eagarra ris a' chainnt anns a bheil e a' labhairt no a' sgrìobhadh.”

Gnàths-cainnt na Litreach: obh obh!: oh dear!

** Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.*